



**AN COMUNN GÀIDHEALACH  
TUAIRISGEIL OBRACH / EMPLOYMENT OPPORTUNITY**

<b>Tìotal na h-Obrach:</b> <i>Job Title</i>	<b>Oifigear nam Mòdan Ionadail</b> <i>Provincial Mòd Officer</i>
<b>Location:</b> <i>Àite:</i>	<b>Sùbailte</b> <i>Flexible</i>
<b>Salary:</b> <i>Tuarastal:</i>	<b>Mu £26,000 a-rèir eòlas</b> <i>Circa £26,000 depending on experience</i>
<b>Uairean:</b> <i>Ùine:</i>	<b>Cùmhnant aon bhliadhna</b> <i>One-year contract</i>  <b>Làn-ùine (35 uairean san t-seachdain) ach sùbailte</b> <i>Full-time (35 hours per week) but flexible</i>

**BUN-FHIOSRACHADH / JOB OVERVIEW**

Is e An Comunn Gàidhealach a bhios ag eagrachadh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, prìomh shubhachais air cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig. Tha am Mòd a' comharrachadh cànan, cultar agus na h-Ealain Ghàidhlig, ag adhartachadh a buntainneas agus a luach ann an Alba nua-aimsireil. Leasaichidh an dreuchd seo an lìonra de Mhòdan Ionadail a th' aig a' Chomunn Ghàidhealach. Bidh an neach san dreuchd làn-ùine seo a' cumail taic ris an lìonra de Mhòdan Ionadail air feadh Alba, agus a' libhrigeadh sheirbheisean do na 18 Mòdan Ionadail a th' ann. Bithear ag obair le comataidhean nam Mòdan gus na planaichean leasachaidh aca fhèin a chur ri chèile agus an uair sin an cur an gnìomh. Bithear ag amas air lìonradh nam Mòdan Ionadail a neartachadh, a leudachadh agus fhàs. Tha an dreuchd seo ga tabhann fo chùmhnant ùine stèidhichte, airson aon bhliadhna a-mhàin. Bidh an tagraiche soirbheachail ag obair 35 uair a thìde san t-seachdain agus cunntachail do dh'Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich.

*An Comunn Gàidhealach are the organisers of The Royal National Mòd, Scotland's premier celebration of the Gaelic language, music, and culture. The Mòd celebrates the Gaelic language, culture, and arts, promoting its relevance and value in modern Scotland.*

*This post will develop An Comunn Gàidhealach's network of Provincial Mòds. The individual will support the delivery of our 18 Provincial Mòds and will work with local Mòd committees, assisting in organising and promoting their respective Mòds. The post will strengthen, develop, and help grow our Provincial Mòds.*

*This is a full-time post offered for the duration of one year only. The successful candidate will work 35 hours per week and shall be responsible to An Comunn Gàidhealach's Chief Executive.*

## CUNNTASACHAIL AIRSON / RESPONSIBILITIES

- Bidh an neach san dreuchd seo a' cumail taic ris an lìonra de Mhòdan Ionadail, a' toirt air adhart leasachaidhean agus an sàs ann a bhith gam brosnachadh.  
*The successful candidate will be responsible for supporting and developing the network of Provincial Mòds.*
- A' cumail taic a' cur air dòigh sheirbheisean do na 18 Mòdan Ionadail a bhios a' dol air feadh na dùthcha.  
*Supporting in organising arrangements for the 18 Provincial Mòds run across the country.*
- Ag obair le comataidhean nam Mòdan gus na planaichean leasachaidh aca fhèin a chur ri chèile agus an uair sin an cur an gnìomh.  
*Working in partnerships with Provincial Mòd committees to help support and facilitate their procedures.*
- A' toirt taic do chomataidhean nam Mòdan ann an co-bhann ri luchd-rianachd ionadail.  
*Supporting Provincial Mòd committees working alongside committee representatives.*
- Taic le margaidheachd obair nam Mòdan ann an co-bhann ri luchd-obrach eile  
*Assist with Provincial Mòd marketing and promotion work, working alongside committee representatives.*
- A' brosnachadh com-pàirt anns na Mòdan san sgìre gu h-àraidh tro na sgoiltean ionadail.  
*Encourage participation in Provincial Mòds in respective local areas, particularly with schools.*
- A' brosnachadh luchd-compàirt na Mòdan Ionadail gu bhith a' gabhail pàirt ann a farpaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.  
*Encourage Provincial Mòd competitors to participate in the Royal National Mòd.*
- A' toirt taic le tagraidhean nam Mòdan Ionadail chun a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail tro siostam iarrais air-loidhne a' Mhòid mar a bhios iomchaidh.  
*Support applicants of Provincial Mòds with National Mòd entry process.*
- A' toirt taic ann a bhith a' lorg taic-airgid neo a' togail airgid sna sgìrean airson clann oideachadh agus a dheasachadh airson pàirt a ghabhail sna Mòdan.  
*Support committees in seeking potential funding for provision of Mòd tuition for participants.*
- A' fàs agus a' leudachadh lìonra nam Mòdan Ionadail le bhith ag amas air Mòdan ùra a stèidheachadh ann an sgìrean far nach eil Mòdan Ionadail.  
*Endeavour to grow and develop the current network of Provincial Mòds by establishing new Mòds in other regions.*
- A' frithealadh nam Mòdan uile, a-rèir ùine, agus a' roinn ùine eatarra gu cothromach.  
*Attend all Provincial Mòds, where possible, allocating reasonable specific time to each.*

## SGILEAN AGUS EÒLAS RIATANACH / ESSENTIAL SKILLS AND EXPERIENCE

- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig.  
*Candidates should be fluent in Gaelic.*
- Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho dhuine sam bith aig a bheil eòlas air Mòdan.  
*We are looking for any candidates that have a good knowledge of Mòds.*
- Bu choir ùidh a bhith aig tagraichean anns na h-ealain Ghàidhlig.  
*Candidates should have an interest in the Gaelic Arts.*
- Comas air dàimhean obrach làidir a chruthachadh le co-obraichean, com-pàirtichean agus buill chomataidhean.  
*Ability to forge strong working links with colleagues, partners and members of committees.*
- Eòlas air stiùireadh agus/no cur taic ri lìbhrigeadh thachartasan.  
*Experience of managing and/or supporting the delivery of events.*
- Comas air tachartasan agus susbaint eadar-lìn a mhargaideachd gu h-èifeachdach.  
*Ability to market events and web content effectively.*
- Sàr sgilean conaltraidh is eagrachaidh.  
*Excellent communication and organisational skills.*
- Comas a bhith ag obair fo an stiùir fhèin agus solarachadh bheachd-smuaintean.  
*Ability to work on own initiative and contribute ideas.*
- Bidh eòlas air obair ann an raon coimhearsnachd gu math feumail.  
*Knowledge of community-based work is desirable.*
- Bu chòir cead-dràibhidh a bhith aig tagraichean.  
*Candidates should possess a driving license.*
- A' toirt taic le Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh aig ìre ionadail.  
*Help to implement the organisation's Gaelic policy at a local level.*
- Pàirt a ghabhail ann an obair-deasachaidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, le dùil gum bithear a' frithealadh a' Mhòid san Dàmhair, a-rèir ùine, comas agus dleastanasan obair nam Mòdan Ionadail.  
*Contribute to Royal National Mòd related work and attend the event in October, according to time, capacity and duties related to Provincial Mòd work.*
- Bidh eòlas air obair coimpiutairean deatamach gu sònraichte prògraman a leithid Microsoft Word, Excel 's bhiodh eòlas air Adobe Acrobat agus Photoshop buannachdail.  
*The candidate will have excellent knowledge of software programmes such as Microsoft Word, Excel, with knowledge on Adobe Acrobat and Photoshop beneficial.*

## ÀITE / LOCATION

Faodaidh an dreuchd seo a bhith stèidhichte ann an oifisean a' Chomuinn, an dàrna cuid oifis Inbhir Nis no oifis Steòrnabhaigh. Ach, mas e as fheàrr freagairt air an t-seòrsa obair seo, gabhaidh obrachadh air astar bhon dachaigh cuideachd.

*This post is flexible, and the successful candidate may work from An Comunn's Inverness or Stornoway offices. However, due to the nature of the work, working from home will also be permitted.*

## FIOSRACHADH A BHARRACHD / FURTHER INFORMATION

**Bidh an obair a' maireachdainn bliadhna a-mhàin, le tuarastal timcheall air £26,000 a-rèir eòlas.**

*The post will be for one year only with a salary of £26,000, depending on experience.*

**Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.**

*Candidates must submit a full CV (in Gaelic or English) as well as a completed application form.*

**Cuiribh foirmean agus cunntas-beatha gu:**

**Peigi NicIllinnein, Manaidsear na h-Oifis, An Comunn Gàidhealach,**

**Aonad 7A, 7 Sràid Sheumais, Steòrnabhaigh, Eilean Leòdhais, HS1 2QN**

**Cuiribh post-d gu: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk) ro 5f air Dihaoine 24mh Màrt 2023.**

*Please send application forms and CV to:*

*Peigi MacLennan, Office Manager, An Comunn Gàidhealach,*

*Unit 7A, 7 James Street, Stornoway, Isle of Lewis, HS1 2QN*

*E Mail: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk) by 5pm on Friday 24th March 2023.*

**Airson cothrom còmhraidh agus barrachd fiosrachaidh mun dreuchd, cuiribh fios gu:**

**Seumas Greumach, Àrd Oifigear, An Comunn Gàidhealach:**

**Post-d: [james@ancomunn.co.uk](mailto:james@ancomunn.co.uk)**

*For further information regarding the post please contact:*

*James Graham, Chief Executive, An Comunn Gàidhealach:*

*E-mail: [james@ancomunn.co.uk](mailto:james@ancomunn.co.uk)*

**FEUMaidh IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5F, DIHAOINE 24mh MÀRT 2023.**

**PLEASE SUBMIT APPLICATIONS BY 5PM, FRIDAY 24th MARCH 2023.**

